

N5

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
2019

Comharra

X832/75/01

Gàidhlig
Leughadh
Gàidhlig Reading

Nàiseanta 5

DILUAIN, 29 GIBLEAN

1:00 F – 2:40 F



* X 8 3 2 7 5 0 1 *

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oilleanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

 SQA[®]



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 1 *

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Tha an earrann a leanas ag innse mun bhàta an SS Politician.

SS Politician

Tha na h-Eileanan an lar a' tàladh na mìltean de luchd-turais gach bliadhna bho iomadh ceàrناidh den t-saoghal. Tha iad a' tighinn le diofar amasan: cruth na tire àlainn fhaicinn le an sùilean fhèin, dealbhan a thogail de na h-eòin agus am fiadh-bheatha, ionnsachadh mar a b' àbhaist do bheatha anns na h-eileanan iomallach seo a bhith agus fiosrachadh fhaighinn mun bhuaidh a thug eachdraidh air an àite. Tha sgeulachdan aig gach eilean ri innse agus chan eil eilean Èirisgeidh, deas air eilean Uibhist, eadar-dhealaichte san t-seadh sin. Am measg nan sgeulachdan as ainmeile a tha co-cheangailte ris an eilean tha sgeulachd an *SS Politician*.

Air oidhche stoirmeil Geamhraidh ann an 1941, bhuail am bàta mòr an *SS Politician* air sgeirean far costa Èirisgeidh. Thachair seo aig àm an dàrna cogaidh nuair nach b' e rud annasach a bh' ann bàtaichean a bhith a' dol a dhìth. Ach bha rudeigin air leth sònraichte mun bhàta seo . . .

Bha deagh chliù aig a' *Pholitician* mar shoitheach a bha luath agus sàbhailte agus a dhèiligeadh gu math ri droch shìde. Air a' cheathramh latha den Ghearran 1941 dh'fhàg i baile Liverpool 's i air a slige gu lameuga (Jamaica) agus New Orleans. Bha measgachadh de stuth sa charago aice: motair-baidhseagal, baidhseagal, cotan, biadh, tombaca agus mu £145,000. A bharrachd air sin bha 28,000 bocsaichean de dh'uisge-beatha innte, cha mhòr 264,000 botail. 'S ann a dh'Aimeireaga a bha an t-uisge beatha a' dol oir bha Breatainn a' cur stuthan thuca gus airgead a thogail airson an oidhrip cogaidh.

Air madainn a' chòigeamh latha den Ghearran, rinn am *Politician* a càrsa tro Chuan na h-Èireann. Ach, dh'fhàs a' ghaoth gu bhith na gèile agus bha e na bu dhorra don chaiplean faicinn far an robh am bàta a' dol. B' fheudar dha an càrsa atharrachadh agus mar sin rinn am *Politician* air a' Chuan Sgith, an caol eadar an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan an lar, àite air nach robh e eòlach. Tron dorchadas shaoil an criutha gum faca iad soitheach eile romhpa. Ach cha b' e soitheach a bh' ann idir. Gu h-obann thuig iad gur e tir a bh' ann. Mionaidean às dèidh sin bhuail am *Politician* air sgeirean aig taobh a tuath eilean Èirisgeidh. Chaigh am bàta a tholladh gu dona agus thòisich uisge a' dòrtadh a-steach, a' lìonadh rùm an einnsein. A dh'aindeoin sin fhuair an criutha de 50 gu lèir aiste gu sàbhailte. Thug bàta-teasairginn an criutha a Bharraigh airson na h-oidhche. A-rèir cunntas bho fhear den chriutha bha na h-eileanaich air leth còir, a' toirt deochan teth agus comhfhurtachd dhaibh. Anns na seachdainean an-dèidh sin, thug na h-ùghdarrasan na b' urrainn dhaibh den stuth far a' bhàta ach chaigh aontachadh an soitheach fhàgail far an robh i o chionn 's gun robh i ann an staid cho dona.

Nuair a dh'ionnsaich muinntir an eilein mu na bha air bòrd, rinn iad air a' bhàta sa bhad gus stuthan fhaighinn dhaibh fhèin. Bha gainead de bhiadh agus deoch sna h-eileanan aig an àm sin air sgàth a' chogaidh agus mar sin b' e cothrom a bha seo dha na h-eileanaich nach b'urrainn dhaibh diùltadh. Sgaoil an naidheachd gu luath agus thòisich bàtaichean a' nochdad à diofar eileanan, le grunn dhaoine ag iarraidh pàirt den stuth a thoirt leotha. Bha ùidh aca gu h-àraighe san uisge-beatha. Cha robh na h-eileanaich den bheachd gur ann a' goid a bha iad, on a bha an stuth anns a' mhuir. Ach cha robh na h-ùghdarrasan den bheachd sin! Chaigh cuid a thoirt don chùirt airson a bhith ri mèirle. Bha aig feedhainn ri càin a phàigheadh ach chaigh cuid eile a chur dhan phriosan airson ùine ghoirid.

Tha sgeulachd an *SS Politician* aithnichte air feadh an t-saoghal chun an latha an-diugh agus tha ùidh mhòr fhathast san sgeulachd. Ann an 1947 sgrìobh Compton MacKenzie leabhar mun tachartas a bha air a mheas èibhinn agus tlachdmhor. Dà bhliadhna às dèidh dhan leabhar a



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 2 *

bhith air fhoillseachadh chaidh film a dhèanamh stèidhichte air. Chaidh ainmeachadh airson am film Breatannach a b' fheàrr aig na BAFTAs. Tha am film tric a' nochdad a ann an clàran de na deich filmichean Albannach a b' fheàrr riamh. Chaidh ùrachadh a dhèanamh air an fhilm ann an 2017 airson diofar adhbharan. Tha barrachd fianais mun tachartas air nochdad on a chaidh a' chiad fhilm a dhèanamh. A bharrachd air sin 's ann ann an dubh is geal a chaidh a' chiad fhilm a chlàradh, far nach deach aig riochdairean air dathan eireachdail an eilein a thaisbeanadh. A thuilleadh air leabhar agus là fhilm, tha iomadach sgioba craolaidh air tadhail air an eilean gus sgeulachd an tachartais a thoirt don mhòr-shluagh ann am prògraman aithriseach. Tha fiù 's fèis air a bhith ann gus an tachartas eachdraidheil a chomharrachadh far am faigh luchd-tadhail cothrom ionnsachadh mu na thachair, na filmichean fhaicinn agus co-dhùnadh a dhèanamh mu na fathannan a bhios a' dol timcheall gu bheil beagan den uisge-beatha fhathast air falach sna monaidhean!

Ceistean

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

1. Ainmich trì adhbharan a bhios luchd-turais a' dol gu na h-Eileanan an lar.

3

2. (a) Dè thachair don SS Politician sa Gheamhradh 1941?

1

3. 'Ach bha rudeigin air leth sònraichte mun bhàta seo . . .' Mìnich a' bhuaidh a tha aig an t-seantans seo air an earrainn.

2



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 3 *

4. Carson a b' fheudar don chaitpean an cursa atharrachadh?

2

5. Inns dà rud a thachair nuair a bhual an soitheach air na sgeirean.

2

6. Thoir iomradh air an fhàilte a fhuair an criutha ann am Barraigh.

2

7. Nad bheachdsa carson a ghabh na h-eileanaich an cothrom stuthan a thoir far a' bhàta?

2

8. Thoir gearr-chunntas air na thachair do ghrunn dhe na h-eileanaich a thug stuthan far a' bhàta.

3



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 4 *

9. (a) Dè tha a' dearbhadh gur e leabhar soirbheachail a bh' anns an leabhar aig Compton MacKenzie? 2

- (b) Seall mar a fhuair a' chìad fhilm mòran cliù. 2

- (c) Ainmich na h-adhbharan a chaidh am film ùrachadh ann an 2017. 2

10. Dè na cothroman eile a tha air a bhith ann do dhaoine ionnsachadh mu sgeulachd an *SS Politician*? 2

11. Nad bheachdsa, dè na dòighean anns an robh an earrann seo soirbheachail? Thoir adhbharan airson do bheachd, a' cleachdadh fianais bhon earrainn. 3

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR]



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 5 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 6 *

duilleag 06

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 7 *

duilleag 07

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 8 *

duilleag 08

N5

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
2019

Comharra



X832/75/02

Gàidhlig
Litreachas
Gàidhlig Literature

Nàiseanta 5

DILUAIN, 29 GIBLEAN

1:00 F – 2:40 F



* X 8 3 2 7 5 0 2 *

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oilleanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairt gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA[®]



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 1 *

Bàrdachd

1. Tagh pìos bàrdachd a thug buaidh ort air sgàth an teachdaireachd a bha innte. Seall dè gu sònraichte a rinn a' bhàrdachd cho inntinneach dhut. Seall mar a chruthaich am bàrd i ann an leithid de dhòigh 's gun robh e cho inntinneach dhut.

Sgeulachd Ghoirid

2. "Bidh daoine ag ionnsachadh tòrr bho chuspair sgeulachd." Seall mar a tha seo fior dhut fhèin airson sgeulachd ghoirid a leugh thu. Thoir cunntas air na sgilean a chleachd an t-ùghdar gus an cuspair a dhèanamh beò.

Nobhail

3. Tagh nobhail anns an robh car no tachartas a thug buaidh mhòr air an sgeulachd. Seall mar a bha an car no tachartas seo cudromach a thaobh na nobhail agus mar a chriochnaich i.

Dràma

4. Tha e cudromach gum bi deireadh èifeachdach air dealbh-chluich. Airson dealbh-chluich a sgrùd thu mar phàirt den chùrsa Ghàidhlig, seall dè an ìre gu bheil seo fior.

Film/Telebhisean

5. Tagh prògram no film ann an Gàidhlig a bha thu a' smaoineachadh a bha inntinneach air sgàth a chuspair. Seall mar a dhèilig an sgrìobhadair leis a' chuspair seo gus a dhèanamh cho soirbheachail dhut.



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 2 *

ÀITE FHREAGAIRT

Àireamh cheist



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 3 *

ÀITE FHREAGAIRT (a' leantainn)



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 4 *

ÀITE FHREAGAIRT (a' leantainn)



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 5 *

ÀITE FHREAGAIRT (a' leantainn)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 6 *

duilleag 06

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 7 *

duilleag 07

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 2 0 8 *

duilleag 08

N5

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
2019

Comharra



X832/75/03

Gàidhlig
Èisteachd
Gàidhlig Listening

Nàiseanta 5

DILUAIN, 29 GIBLEAN

3:10 F – 3:35 F



* X 8 3 2 7 5 0 3 *

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgriobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oilleanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadadh.

Sgriobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Chan fhaod thu seòmar nan deuchainnean fhàgail ro chrios na deuchainne.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA[®]



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 1 *

1. Ciamar a tha fios againn gu bheil Danaidh air a bhith gu math soirbheachail na obair?

2. Dè am beachd a tha aig Catriona mun fhilm sa Chuiltheann?

3. (a) Dè bha Danaidh a' dèanamh aig toiseach an fhilm?

- (b) Dè rinn e an dèidh dha tighinn air tìr?

4. Carson a bha e doirbh dha siubhal air baidhsagal aig mullach nam beann?

5. Carson nach biodh dol às aig Danaidh nan deigheadh càil ceàrr aig a' mhullach?



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 2 *

6. Ciamar a tha e follaiseach nach robh eagal air Danaidh?

2

7. (a) Ainmich dà dhòigh anns am bi eagal a' toirt droch bhuaidh air daoine.

2

(b) Dè na dòighean anns an toir an t-eagal deagh bhuaidh air daoine eile?

2

8. Ainmich dà rud a bhios a' cur eagal air daoine.

2

9. Nad bheachd, dè am prìomh theachdaireachd a bha aig Catriona dhan luchd-èisteachd? Cleachd fianais bhon earrainn nad fhreagairt.

2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 4 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 5 *

duilleag 05

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 6 *

duilleag 06

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 7 *

duilleag 07

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE



* X 8 3 2 7 5 0 3 0 8 *

duilleag 08